

## Bòrd na Gàidhlig

## A' Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Dimàirt 24/01/2023 09.30 – 12.30

Tro Teams

GEÀRR-CHUNNTAS

## Policy &amp; Resources Committee

Tuesday 24/01/2023 09.30 – 12.30

Via Teams

MINUTE

1.0 SEISEAN FOSGAILTE  
CÙISEAN TÒISEACHAIDH**Buill Bùird an Làthair:**

Nicola NicThòmais (Cathraiche) [NNT]

Màiri NicAonghais [MTNA]

Dòmhnall MacAoidh [DMA]

Coinneach MacIomhair [CMI]

**A' frithealadh:**

Shona NicIlinnein, Ceannard [SNI]

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhas is Cùisean Corporra [NP]

Jennifer NicHarrie, Stiùiriche Foghlaim [JNH]

Steven Kellow, Oifigear Maoinachaidh is Phròiseactan [SK] –  
*Puing 2.2, 2.3*Christie NicIleathain, Manaidsear Planaidh [CNI] – *Puing 4*Louise NicIleathain, Manaidsear Gnìomhan [LNI] – *Puing 6.1*Muireann Kelly, Theatre gu Leòr [MK] – *Puing 9*Rhona NicDhùghail, Theatre gu Leòr [RND] – *Puing 9*Lana Pheutan, Theatre gu Leòr [LP] – *Puing 9*Josie Chaimbeul, Theatre gu Leòr [JC] – *Puing 9*

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' Gheàrr-chunntais [OND]

OPEN SESSION  
OPENING ITEMS**Board Members Present:**

Nicola Thomson (Chair) [NT]

Màiri MacInnes [MTMI]

Donald MacKay [DMK]

Kenneth MacIver [KMI]

**In Attendance:**

Shona MacLennan, Ceannard [SML]

Iain MacMillan, Director of Development [IMM]

Nicola Pearson, Head of Finance and Corporate Affairs [NP]

Jennifer McHarrie, Direction of Education [JMH]

Steven Kellow, Funding & Projects Officer [SK] –  
*Point 2.2, 2.3*Christie MacLean, Plans Manager [CML] – *Point 4*Louise Maclean, Operations Manager [LML] – *Point 6.1*Muireann Kelly, Theatre gu Leòr [MK] – *Point 9*Rhona MacDougall, Theatre gu Leòr [RMD] – *Point 9*Lana Beaton, Theatre gu Leòr [LB] – *Point 9*Josie Campbell, Theatre gu Leòr [JC] – *Point 9*

Orla MacDonald, Recording the Minutes [OMD]

## 1.1 Fàilte is Leisgeulan

Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine dhan choinneimh agus do CMI don chiad choinneimh Comataidh aige mar Bhall Co-thaghte.

**Leisgeulan:**

Cha robh gin ann.

**Welcome & Apologies**

The Chair welcomed everyone to the meeting and KMI to his first Committee meeting as a Co-opted Member.

**Apologies:**

There were none.

## 1.2 A' nochdadh Chom-pàirtean

Cha robh gin ann.

**Declarations of Interest**

There were none.

## 1.3 GISBE

Co-dhùnadh eadar coinneamhan – Bun-riaghailtean agus Ball Co-thaghte

**AOCB**

Decisions between meetings – Terms of Reference and Co-opted Member

## 2.0 IONMHAS

## 2.1 Aithisg Ionmhais gu 31/12/2022

Thug NP tar-sealladh air an aithisg ionmhais, a' toirt fa-near gun robh an caiteachas iomlan £156,000 (4%) air cùl a' bhuidseit. Bhathar an dùil ri tar-chosg sa bhliadhna de £72,000, ach nuair a thèid airgead air a thoirt air adhart bho 21/22 agus maoinachadh ri thilleadh a thoirt fa-near, thathar an dùil gum biodh fo-chosgais de thimcheall air £93,000 ann.

Bhathar air cead iarraidh bho Riaghaltas na h-Alba gus am fo-chosgais a bha san amharc a thoirt a-steach don bhuidseit leasachaidh gus an gabhadh am buidseit Tabhartas-gus-Cuideachadh air fad a chleachdadh.

Dh'iarr Buill tuilleadh fiosrachaidh mun rèiteachadh pàighidh agus dh'innis NP dhaibh gun deach seo a rèiteachadh ann am pàigheadh na Dùbhlachd.

**Co-dhùnadh:**

Thug Buill fa-near don Aithisg Ionmhais.

**FINANCE****Finance Statement to 31/12/2022**

NP gave an overview of the finance report, noting that total spend was £156,000 (4%) behind budget. An in-year overspend of £72,000 was expected, but once approved carry forward from 21/22 and reclaimed funding were taken into account, the underspend is expected to be around £93,000.

Permission was to be requested from Scottish Government to carry the forecast underspend into the development budget which would allow the Grant-in-Aid budget to be fully utilised.

Members queried the pay settlement and NP confirmed that this had been processed in the December payroll.

**Decision:**

Members noted the Finance Statement.

**2.2 Tabhartasan eadar £50,001 agus £100,000**

Thug SK fios gun deach aontachadh leis an Sgioba-stiùiridh tabhartas de £45,000 a thabhand do Hands Up for Trad airson Seachdain na Gàidhlig a chur air dòigh agus Sgeama Tabhartasan Beaga a chur air dòigh. Fhuair an sgeama tòrr iarrtasan agus mar sin, bhathar a' sireadh àrdachadh de £9,000 gus an gabhadh barrachd phròiseactan a mhaoineachadh.

Thug SK fios gur ann aig Hands Up for Trad a bhios ceannas air na pròiseactan agus gu bheilear airson 's gun tèid aithne a thoirt don mhaoineachadh a thàinig bho Bhòrd na Gàidhlig. Thug SK fios cuideachd gun tàinig iarrtasan bho air feadh na dùthcha agus gun robh cothrom aige fhèin a bhith air a' phannal mar riochdaire Bhòrd na Gàidhlig gus h-iarrtasan a mheasadh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Tabhartasan mar a chaidh a thaisbeanadh.

**2.3 Prìomhachasan Maoin nam Planaichean Gàidhlig (GLAIF) 2023/24**

Thug SK geàrr-chunntas seachad air a' phàipear. Thugadh fios gu bheilear airson fòcas nas dlùithe a chur air amas an sgeama agus tuilleadh buaidh fhaighinn bhon taic-airgid agus mar sin tha ainm ùr agus prìomhachasan ùraichte ann ri aontachadh.

Dh'fhaighnich Buill am biodh cothrom ann maoineachadh nas leantainneach a thabhand do bhuidhnean seach dìreach aonta fad aon bliadhna. Thug SK fa-near gum biodh seo feumail ach mhol e nach tèid beachdachadh air seo gus am bi am Plana Corporra agus Plana Nàiseanta ùr na Gàidhlig air aontachadh gus am bi cinnt ann gun bheil pròiseactan a' freagairt air prìomhachasan Bhòrd na Gàidhlig.

Thug SK fios do Bhuill gum bi e follaiseach ann an sanasachd airson an sgeama gu bheil na h-atharraichean seo air tachairt.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phàipear mar a chaidh a thaisbeanadh.

**Grants between £50,001 and £100,000**

SK informed Members that a grant of £45,000 was agreed by the Leadership Team for Hands Up for Trad to organise World Gaelic Week and to set up a small grants scheme. The scheme received a significant number of requests and therefore, an increase of £9,000 was sought so that more projects could receive funding.

SK told Members that Hands Up for Trad will be in charge of the projects, and he noted that it is expected that they will acknowledge the funding from Bòrd na Gàidhlig. SK also told Members that requests came from all over the country and that he had the opportunity to be on the panel as a representative of Bòrd na Gàidhlig to evaluate the applications.

Decision:

Members approved the Grants as presented.

**Gaelic Plans Fund (GLAIF) Priorities 2023/24**

SK gave an overview of the paper. Revised priorities and a new name for the scheme were presented for approval, with the intention that these changes will allow the scheme to more closely align with its aims and to provide greater impact with its funding.

Members asked if there would be an opportunity to offer continuous funding to organisations than for more than one year. SK noted that this would be useful but suggested that this would not be considered until the new Corporate Plan and National Gaelic Language Plan have been approved, so that there is certainty that projects align with Bòrd na Gàidhlig's priorities.

SK informed Members that it will be clear in the promotion of the scheme that these changes have taken place.

Decision:

Members approved the paper as presented.

**3.0 PLANA GNÌOMH****3.1 PCCan 2022/23 – Sgrùdadh**

Thug IMM fios às ùr do Bhuill air adhartas leis na Prìomh Chomharran Coileanaidh. Thugadh fios gun robh cha mhòr gach rud a b' urrainn crìochnachadh taobh a-staigh na buidhne air a dhèanamh agus gun robh e na dhuilgheadas gun robh PCCan ann a bha a' crochadh air obair bhuidhnean eile. Thugadh fios air mar a thathar ag amas air dèiligeadh ri seo anns an ath Phlana Chorporra agus ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Thog IMM fios gun robh fios às ùr ann air na gnìomhan anns a' Phlana Ghnìomh aig ìre luchd-obrach agus gun robh 36 air a crìochnachadh, 43 fo sheòl agus 1 gun tòiseachadh.

Thog Buill ceist cò air a bha an t-uallach airson nam PCCan, agus fhreagair IMM gur ann aig buidhnean air an taobh a-muigh a bha chuid. Dh'innis IMM do Bhuill gu bheilear air a bhith ann an conaltradh leis an Riaghaltas gus soillearachadh cò bhios os cionn nan gnìomhan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

**OPERATIONAL PLAN****KPIs 2022/23 – Monitoring**

IMM updated Members on progress with the Key Performance Indicators. It was reported that almost all actions that could be carried out within the organisation had been completed and that there was an issue in that some KPIs depended on the work of other organisations. Information was provided on how it is intended to develop on this in the next Corporate Plan and Operational Plan, once the finalised National Plan is approved by Scottish Ministers.

IMM noted that there was an update on the activities in the Operational Plan at staff level and that 36 had been completed, 43 were in progress and 1 had not been started.

Members asked who was responsible for the KPIs, and IMM replied that currently, external organisations were responsible for some. IMM told Members that they have been in contact with the Scottish Government to clarify who will be in charge of the activities in the next National Gaelic Language Plan.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithris sgrùdaidh air na PCCan.

Decision:

Members noted the report on the monitoring of KPIs.

**4.0 CLEACHDADH****4.1 Amasan Àrd Ìre**

Thug CNI fios gur e an treas eagran de Phlana Gàidhlig Comhairle Pheairt is Ceann Rois a bha air beulaibh na Comataidh. Thug CNI geàrr-chunntas seachad air a' phàipear agus fios gu bheil oifigearan Bhòrd na Gàidhlig toilichte leis an adhartas a rinneadh.

Thog Buill dragh mun phàipear agus nach robh gu leòr fiosrachadh ann gus beachd a thoirt seachad air adhartas. Thug an Ceannard fios gu Buill gu bheil pàipear air adhartas a' dol còmhla ri Planaichean Gàidhlig a tha a' dol air beulaibh na Comataidh agus chaidh moladh gun dèanar an aon rud airson nan Amasan Àrd-ìre, ach a-mhàin nuair a tha a' bhuidheann ùr dhan t-siostam.

Dh'fhaighnich Buill mun fhiosrachadh fo 'A' cleachdadh na Gàidhlig' sa phàipear agus an robh seo a' buntainn dìreach ri buidhnean no an robh iomairtean is tachartasan a' tighinn fo seo cuideachd. Dhearbh CNI gum biodh e a' gabhail a-steach an dà chuid.

Thuir IMM gu bheil e cudromach ceangal nas làidire a dhèanamh eadar obair dearcnachaidh agus na Planaichean Gàidhlig. Thugadh fios cuideachd air cothroman a th' ann gus am pròiseas a neartachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil na buidhnean a' dèanamh na gheall iad sa Phlana Gàidhlig aca.

Gnìomh:

Pàipear air adhartas ri thighinn còmhla ris na pàipearan Amasan Àrd-ìre bho seo a-mach.

Co-dhùnadh:

Cha do dh'aontaich Buill ris na h-Amasan Àrd-ìre mar a chaidh an taisbeanadh agus chaidh a mholadh gun tèid pàipear ùraichte aontachadh tro phost-d-ro dheireadh na seachdain (27mh Faoilleach).

**4.2 Planaichean Gàidhlig**

Thug CNI geàrr-chunntas seachad air na Planaichean Gàidhlig air beulaibh na Comataidh. Bha na Planaichean seo air a bhith air beulaibh Pannal nam Planaichean mar-thà agus chaidh atharraichean sam bith leis a' Phannal a dhèanamh.

Mhol Buill gun tig am pàipear air adhartas còmhla ris a' Phlana Ghàidhlig iomchaidh.

**Iomairt na h-Alba**

Mhol Buill gum biodh e feumail Gàidhlig a cheangal a-steach nas dlùithe ri obair Scottish Development International (SDI). Fhreagair CNI gur e seo an seòrsa rud air am b' urrainnear togail fhad 's a tha a' bhuidheann a' cur an gnìomh a' Phlana agus gu bheil e cudromach a bhith mothachail gur e seo a' chiad Phlana Ghàidhlig aca is mar sin gur dòcha nach tèid a h-uile amas a choileanadh.

Chaidh iomradh a thoirt air cho cudromach 's a bhios Plana Gàidhlig Iomairt na h-Alba do dh'iomhaigh na Gàidhlig.

**Ùghdarras Poilis na h-Alba****USAGE****High Level Aims**

CML advised that it was the third, rather than xth, edition of Perth and Kinross Council's Gaelic Language Plan that was presented to the Committee. CML gave an overview of the paper and told Members that Bòrd na Gàidhlig officers are satisfied with the progress that has been made.

Members expressed concern about the paper as there was not enough information to comment on progress. The Ceannard informed Members that a paper on progress is presented with Gaelic Language Plans, and it was suggested that the same process is followed for the High-Level Aims, except when an organisation is new to the system.

Members asked about the information under 'Using Gaelic' in the paper and whether this only applied to organisations or if initiatives and activities were included. CML confirmed that both would be included.

IMM noted that it is important to create stronger connections between monitoring work and development of Gaelic Language Plans. Information was also provided on opportunities to strengthen the process to ensure that the organisations are achieving the aims as set out in their Gaelic Language Plan.

Action:

Progress reports to accompany the High Level Aims papers from this point onwards.

Decision:

Members did not approve the High-level Aims as presented and it was recommended that a revised paper be circulated by e-mail by the end of the week (27th January).

**Gaelic Language Plans**

CML gave an overview of the Gaelic Language Plans being presented to the Committee. These Plans had already been presented to the Plans Panel and any changes by the Panel had been made.

Members suggested that the progress report be attached to the appropriate Gaelic Language Plan.

**Scottish Enterprise**

Members suggested that it would be useful to introduce Gaelic more closely into the work of Scottish Development International (SDI). ML replied that this is the kind of work that could be built upon while the organisation is implementing the Plan, and that it is important to be aware that this is their first Plan and so all aims may not be met.

Mention was made of how important the Scottish Enterprise Gaelic Plan will be to Gaelic's image.

**Scottish Police Authority**

Thug Buill dragh nach robh na Prìomh Phrionnsabalan rim faicinn tron Phlana air fad agus dhearbhadh CNI gur ann mu obair an Ùghdarras le Poileas Alba sa mhòr chuid a tha na puingean agus gur ann an seo a bhios cleachdadh na Gàidhlig. Dh'aontaich CNI gun robh cothrom ann airson a bhith a' neartachadh na h-obrach eadar Ùghdarras Poilis na h-Alba agus Poileas Alba air cleachdadh Gàidhlig sa choimhearsnachd.

Dh'fhaighnich Buill a bheil duilgheadasan le ullachadh Phlanaichean Gàidhlig gan togail le buidhnean. Dhearbh CNI gu bheil agus gur ann bho thaobh amasan seirbheisean corporra a tha a' mhòr-chuid de dhuilgheadasan.

#### **Stòras Mara Cailleannach Earranta**

Thug CNI fios nach robh cruth ceart air a' Phlana air beulaibh na Comataidh air sgàth trioblaid le bhith a' ceangal nam pàipearan.

Thug CNI geàrr-chunntas seachad air a' Phlana agus air na tha a' bhuidheann a' dèanamh mar-thà gus Gàidhlig a neartachadh agus far a bheil cothroman leasachaidh ann.

Mhol Buill gum biodh a' bhuidheann ag innse sgeulachdan math aca a thaobh na Gàidhlig agus dhearbhadh CNI gu bheil air bruidhinn ri Sgioba Conaltraidh Bhòrd na Gàidhlig mun leithid.

#### Gnìomh:

Duilleag-chòmhdachaidh fa-leth aig gach Plana agus geàrr-iomradh ceangailte ris a' Phlana iomchaidh.

#### Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Planaichean Gàidhlig mar a chaidh a thaisbeanadh.

#### Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near do na h-aithisgean air adhartas.

4.3

#### **Adhartas nam Prìomh Buidhnean Libhrigidh**

Thug IMM fios gun robh am pàipear seo ann gus sealltainn dè bha na Prìomh Buidhnean Libhrigidh ris agus dè an t-adhartas a bha iad air dèanamh. Thugadh fios gun robh seo ann mar thoradh air atharraichean susbainteach a th' air a bhith ann san dòigh sa bheil Bòrd na Gàidhlig ag obair leis na buidhnean seo agus thugadh barrachd co-theacs air na chaidh atharrachadh. Bha tuilleadh obair a dh'fheumadh ceanglaichean làidir a thogail eadar Bòrd na Gàidhlig agus na Prìomh Buidhnean Gàidhlig agus air dè an obair a thèid a dhèanamh air adhartas na Gàidhlig.

Dh'fhaighnich Buill dè an ath ìre a bhiodh ann do na buidhnean seo agus fhreagair IMM gu bheil a' coimhead air maoineachadh iomadh bliadhna agus gu bheil cuideachd a' dèanamh ath-sgrùdadh air an taic a thathar a' toirt do na h-oifigearan leasachaidh Gàidhlig a thathar a' maoineachadh air feadh na dùthcha. Thuirt e cuideachd gum biodh Planaichean Gàidhlig do choimhearsnachdan cudromach.

Dh'fhaighnich Buill dè na dòighean as fheàrr gus sùil a chumail air càileachd obair nam buidhnean. Thug IMM gu bheil duilgheadas ann oir chan eil Bòrd na Gàidhlig ag innse do bhuidhnean dè bu chòir dhaibh dèanamh aig an ìre seo

Members expressed concern that the Key Principles were not visible throughout the Plan and CML confirmed that the points are mainly about the work of the Authority with Police Scotland and that this is where Gaelic will be used. CML agreed that there was an opportunity to strengthen the work between the Scottish Police Authority and Police Scotland on the use of Gaelic in the community.

Members asked if issues in development of Plans are raised with organisations. CML confirmed that they are, and that most challenges are related to corporate service aims.

#### **Caledonian Maritime Assets Ltd**

CML informed Members that the formatting of the plan had been affected during the binding process of the papers.

CML gave an overview of the Plan and the work that the organisation is doing to strengthen Gaelic and where there were opportunities for improvement.

Members suggested that the organisation should share good news stories about Gaelic and CML confirmed that this had been discussed with the Bòrd na Gàidhlig Communications Team.

#### Action:

Each Plan presented to the Committee to have a separate cover page and a progress report attached to the relevant Plan.

#### Decision:

Members approved the Gaelic Language Plans as presented.

#### Decision:

Members noted the progress reports.

#### **Progress of Main Delivery Partners**

IMM informed Members that this paper presented the work of Main Delivery Partners and showed what progress they had made. This was presented as a result of substantial changes in the way Bòrd na Gàidhlig works with these groups, and more context was provided on what had changed. It was noted that more work was needed to build strong links between Bòrd na Gàidhlig and the Main Delivery Partners and on what will be done on the progress of Gaelic.

Members asked what the next level would be for these organisations and IMM replied that multi-year funding is being progressed and that the support provided to the Gaelic development officers that are funded across the country is currently being reviewed. The development of Community Gaelic Language Plans was also identified as a being important.

Members asked what the best ways were to monitor the quality of work of these organisations. IMM stated that there is a problem because Bòrd na Gàidhlig does not currently tell groups what they should do but IMM considered that this

ach bha IMM den bheachd gum b' urrainnear cur an gnìomh nam Planaichean Gàidhlig aig coimhearsnachdan a thomhas.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithris air Adhartas nam Prìomh Bhuidhnean Libhrigidh.

could come in the form of monitoring activity against the Gaelic Plans developed by communities.

Decision:

Members noted the report on Progress of Main Delivery Partners.

## 5.0 IONNSACHADH

### 5.1 Adhartas air Foghlam Àrd-sgoile

Thug JNH iomradh air a' phàipear. Thugadh fios gun robh buidheann fòcas a' dol air adhart co-cheangailte ris an Lèirmheas Neo-eisimmileach air Teisteanasan is Measadh ann an Alba agus gun robh coinneamhan coimhearsnachd a' tachart le riochdairean bho Bhòrd na Gàidhlig an sàs ann gus dèanamh cinnteach gum biodh Gàidhlig am measg nan còmhraidhean.

Dh'fhaighnich Buill dè am faireachdainn a bh' ann san fharsaingeachd a thaobh foghlam Gàidhlig. Fhreagair JNH gun robh duilgheadasan ann a thaobh foghlam san fharsaingeachd agus gu bheil cothroman a bhith a' coinneachadh ri agus a' cumail còmhraidhean neo-fhoirmeil gu math cudromach gus fios a thoirt do dhaoine mu foghlam Gàidhlig.

Mhol Buill cho fiosrachail 's a bha na pàipearan.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithris air Adhartas air Foghlam Àrd-sgoile.

### 5.2 Adhartas air a bhith a' trusadh agus a' glèidheadh luchd-teagaisg

Bheachdaich Buill am biodh e feumail taisbeanadh ullachadh airson sgoiltean far nach b' urrainn oifigearan tadhal orra. Thug JNH fios mu na cothroman a th' ann airson suidheachaidhean den leithid.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don aithris air Adhartas agus air a bhith a' trusadh agus a' glèidheadh luchd-teagaisg.

## LEARNING

### Progress with Secondary School Education

JMH gave an overview of the paper. Members were informed that as part of the Independent Review of Qualifications & Assessment in Scotland, Collaborative Community Group focus groups were established and that community meetings were taking place with representation from Bord na Gàidhlig to ensure that Gaelic was included in discussions.

Members asked about the general feeling regarding Gaelic education. JMH replied that there were challenges regarding education in general and that opportunities to meet with interested parties and informal discussions are very important to inform people about Gaelic education.

Members commended how informative the papers were.

Decision:

Members noted the report on Progress with Secondary School Education.

### Progress on recruiting and retaining teachers

Members considered whether it would be useful to prepare a presentation for schools which would not receive a visit from officers. JMH provided information on the opportunities relating to situations such as these.

Decision:

Members noted the report on Progress on recruiting and retaining teachers.

## 6.0 CORPORRA

### 6.1 Plana Pàrantan Corporra

Thug LNI iomradh air a' Phlana agus thug i fios gur e seo an treas Plana Pàrantan Corporra aig Bòrd na Gàidhlig. San eagan seo 's e an t-amas gum gabhadh a h-uile rud sa phlana a choileanadh le Bòrd na Gàidhlig a-mhàin.

Dh'fhaighnich Buill a bheil aig Bòrd na Gàidhlig ri aithris a thoirt air fiosrachadh a thaobh Pàrantachd Chorporra, agus dhearbhadh LNI gu bheil aithris ga h-ullachadh gach trì bliadhna le fiosrachadh farsaing ach nach eil dad eile a dhìth.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Pàrantan Corporra mar a chaidh a thaisbeanadh.

## CORPORATE

### Corporate Parenting Plan

LML gave an overview of the Plan and informed Members that this is Bòrd na Gàidhlig's third Corporate Parenting Plan. In this edition the aim was that everything in the Plan could be achieved by Bòrd na Gàidhlig itself.

Members asked if Bòrd na Gàidhlig must report information on Corporate Parenting, and LML confirmed that a report is prepared every three years with general information but that nothing more is required.

Decision:

Members approved the Corporate Parenting Plan as presented.

## 7.0 PLANA OBRACH NA COMATAIDH

### 7.1 Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na Planaichean Obrach mar a chaidh a thaisbeanadh.

## COMMITTEE WORK PLAN

### Policy & Resources Committee Work Plan

Decision:

Members approved the Work Plans as presented.

## 8.0 GNOTHACH IOMCHADH SAM BITH EILE

## ANY OTHER BUSINESS

Co-dhùnaidhean eadar coinneamhan:

Thug a' Cheannard fios gun deach bun-riaghailtean ùraichte airson na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan aontachadh le Buill tro phost-d san Dùbhlachd. Mar phàirt de seo chaidh ball co-thaghte ùr fhastadh.

Decisions between meetings:

The Ceannard advised Members that updated Terms of Reference for the Policy and Resources Committee had been approved by Members via email in December. As part of this a co-opted Member was appointed.

## 9.0 TAISBEANADH

### Theatre Gu Leòr

Chuir an Cathraiche fàilte air MK, RND, LB agus JC bho Theatre gu Leòr don choinneimh.

Thug MK geàrr-chunntas seachad air a' bhuidhinn: gun do thòisich iad ann an 2014 mar bhuidheann charthannais le obair a' gabhail a-steach obair chruthachail, leasachadh proifeasanta ann an roinn tèatar na Gàidhlig agus ionnsachadh cruthachail le clann, òigridh is coimhearsnachd. Thugadh fios gu bheil iad a' faighinn maoinachadh bho Alba Chruthachail agus Bòrd na Gàidhlig is thug MK fios air mar a thèid seo a chosg.

Thugadh fios mu na trì prìomh phròiseactan aca: 'Stornoway, Quebec', Strabang agus Taigh/Ty/Teach.

Dh'fhaighnich Buill a bheil deagh fhaireachdainn ann timcheall air dràma am measg na h-òigridh agus thug LB fios gun robh tòrr ùidh ann agus gu bheil feum air na cothroman seo airson misneachd a thoirt dhaibh. Thugadh fios gun robh barrachd luchd-iarrtais na àiteachan air Strabang agus nach robh cothrom aca àite a thoirt don a h-uile neach mar thoradh air an ìre maoinachadh a bha ri fhaighinn.

Chaidh còmhraidh a chumail mu bhuidhinn Strabang air òigridh le diofar ìrean de sgilean Gàidhlig agus mar a b' urrainn dhan phròiseact a bhith a' toirt misneachd dhaibh Gàidhlig a chleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean. Thug MK fios gu bheil iad an dòchas gum bi cothrom ann barantachadh fhaighinn tro na cothroman seo san àm ri teachd.

Thug a' Chathraiche taing mhòr do sgioba Theatre gu Leòr.

## PRESENTATION

### Theatre Gu Leòr

The Chair welcomed MK, RMD, LB and JC from Theatre gu Leòr to the meeting.

MK gave an overview of the organisation, that they started in 2014 as a registered charity with their work including creative work, professional development of the Gaelic theatre sector and creative learning with children, youth and community. They receive funding from Creative Scotland and Bòrd na Gàidhlig and MK explained how this is used.

Members were provided with information on Theatre gu Leòr's three main projects: 'Stornoway, Quebec', Strabang and Taigh/Ty/Teach.

Members asked if there is a positive feeling around drama in young people and LB informed that there was a lot of interest and that these opportunities were needed to give them confidence. It was explained that there were more applicants than places on Strabang and that they did not have the opportunity to accommodate everyone because of the funding available.

A discussion was held around the impact of Strabang on young people with different levels of Gaelic skills and how the project could give them the confidence to use Gaelic in different situations. MK explained that they hope that there will be an opportunity to gain accreditation through these opportunities in the future.

The Chair thanked the Theatre gu Leòr team for their presentation.

## SEISEAN DÙINTE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 09/05/2023

*Dùnadh na coinneimh*

*Lèirmheas den choinneimh às dèidh làimh*

## CLOSED SESSION

Date for the next meeting: 09/05/2023

*Close of meeting*

*Post-meeting Review of meeting*

Ceann-là na coinneimh	24/01/2023
Dearbhte le Sgioba-stiùiridh	10/02/2023
Air adhart gu Cathraiche na Comataidh airson dearbhadh/atharrachadh	10/02/2023
Dearbhte le Cathraiche na Comataidh	22/02/2023
Air falbh airson dearbhadh/eadar theangachadh	21/02/2023
Dearbhte le Buill an CPG	06/03/2023
Dearbhadh air atharraichean a bharrachd le ET	01/03/2023
Dearbhadh air co-ionannachd eadar a' Ghàidhlig is a' Bheurla san dreach dheireannach	01/03/2023